

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A’ FOILLSEACHADH SGEAMA TAIC ÙR DO DH’OILEANAICH

03 An t-Samhain 2010

Tha Bòrd na Gàidhlig a’ foillseachadh sgeama ùr a tha ag amas air taic ionmhais a thoirt do dh’oileanaich. Tha prìomhachas ga thoirt do dhaoine a tha an-dràsta air cùrsaichean teagaisg agus cothrom cuideachd ann do dh’oileanaich a tha an-dràsta air cùrsaichean Gàidhlig agus a’ beachdachadh air a dhol air adhart gu cùrsaichean teagaisg air an ath bhliadhna cur a-steach airson taic. Thathas cuideachd a’ cur fàilte air iarrtasan bho luchd-teagaisg a tha a’ sireadh taic mu choinneamh trèanadh airson gluasad gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

“Tha Bòrd na Gàidhlig air aontachadh Plana – Ginealach Ùr na Gàidhlig – leis a’ Mhinistear le taic bhon Phàrlamaid, le amasan a thaobh togail àireamhan na cloinne a tha a’ dol tro Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil agus san Àrd-sgoil” thuirt Ceannard a’ Bhùird Iain Aonghas MacAoidh.

“Bidh feum air tuilleadh luchd-teagaisg aig gach ìre airson coilionadh nan amasan sin. Tha sinn airson cuideachadh oileanaich gus gabhail slighe gu teagasg tron Ghàidhlig, agus luchd-teagaisg aig a bheil Gàidhlig a bhrosnachadh gus an sgilean cànan a leasachadh is an cur gu feum mar luchd-teagaisg tron Ghàidhlig.

Bidh sinn ag obair còmhla ri comhairlean airson lìonadh bheàrnan agus còmhla ri colaistean gus cùrsaichean iomchaidh a leasachadh a-rèir feumalachdan nan oileanach.”

Tha cothrom aig oileanaich cur a-steach airson taic mu choinneamh cìsean na cùrsa aca mura bheil iad a’ faighinn taic air an son bho dh’àite sam bith eile, agus airson tabhartas beag mu choinneamh cosgaisean airson leabhraichean; siubhal agus m.s.a,a.

Thathas ag iarraidh gun tèid iarrtasan a thilleadh dhan bhòrd ro meadhan-là 3mh an Dùbhlachd 2010.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cur fios gu Morna NicLeòid morna@gaidhlig.org.uk no 07901558138

Fiosrachadh do luchd-deasachaidh

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar bhuidhinn phoblaich fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chuireadh an gnìomh air an 13mh An Gearran 2006.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phrìomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan gus meudachadh air togail cànan a thoirt gu buil mean air mhean.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig ag ath-aithris cho cudromach 's a tha foghlam tron Ghàidhlig.

Tha 60 bun-sgoil a' tabhann Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus 41 àrd-sgoil a' tabhann clasaichean Gàidhlig (Gàidhlig do dh'fhileantaich no Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh no an dà chuid) ann an Alba an-dràsta. Tha grunn àrd-sgoiltean cuideachd a' tabhann chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha cothroman ann a bhith a' teagasg tron Ghàidhlig aig ìre sgoil-àraich agus bun-sgoile, agus Gàidhlig a teagasg mar chuspair agus grunn chuspairean a thoirt seachad tron chànan aig ìre àrd-sgoile.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Thabhartasan Foghlaim agus mu Ghinealach Ùr na Gàidhlig faic www.gaidhlig.org.uk <http://www.gaidhlig.org.uk/ga/maoineachadh/tabhartasan-foghlaim.html> http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Ginealach_Ur_na_Gaidhlig_G.pdf

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG OFFERING SUPPORT STUDENTS TRAINING TO BE TEACHERS

03 November 2010

Bòrd na Gàidhlig is launching a scheme offering support for students. Priority is given to those on Gaelic teacher training courses. Individuals who are currently on Gaelic courses and are considering Gaelic teaching as a future career may also apply. In addition, qualified teachers wishing to embark upon training to allow them to convert to Gaelic medium education can apply.

Bòrd na Gàidhlig Chief Executive John Angus MacKay said: “Bòrd na Gàidhlig has agreed a Plan – Ginealach Ùr na Gàidhlig – with the Minister with support from the Parliament, which includes aims to raise the number of pupils going through Gaelic Medium Education at primary and high school level. There will be a need for more teachers to fulfil those aims.”

“We want to support students in taking the route to Gaelic teaching, and to encourage current teachers who have Gaelic to improve their language skills and put them to use as Gaelic Medium teachers.

We will be working with councils to fill vacancies and with colleges to identify suitable courses to suite the needs of the students”

Applicants have the opportunity to apply for financial support towards course fees, if they are not already receiving support from organisations such as SAAS. Small bursaries towards the costs of living, books and travel etc are also available. Applications must be submitted by the 3rd of December 2010.

For further information please contact: Morna MacLeod at morna@gaidhlig.org.uk or 07901558138

Notes to Editors

Bòrd na Gàidhlig was established as a public body by the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 which was commenced on 13th February 2006.

Ginealach Ùr Na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to support an incremental increase in learning and using Gaelic.

Ginealach Ùr na Gàidhlig is equally clear about the importance of Gaelic medium education.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



There are currently 60 primary schools that offer Gaelic medium education and 42 high schools that offer Gaelic as a subject (be it Gàidhlig, Gaelic learners or both) in Scotland at the moment. A number of high schools also offer subjects through the medium of the language.

There are opportunities to teach in Gaelic at pre-school and primary level, and to teach Gaelic as a subject as well as various other subjects through the medium of the language at high school level.

There are a number of different courses which can lead to a Gaelic teaching qualification. Students can undertake a B.Ed, a MA Gaelic with Education or once completing an undergraduate degree could do a PGDE.

Gaelic Teacher Training Courses are offered at the University of Strathclyde, the University of Aberdeen, Sabhal Mòr Ostaig, Lews Castle College and UHI. Some courses can be done part-time.

For more information about Ginealach Ùr na Gàidhlig or Education Grants please visit www.gaidhlig.org.uk <http://www.gaidhlig.org.uk/en/support-schemes/education-grants.html> http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Ginealach_Ur_na_Gaidhlig_B.pdf